

C1-5-1-1 Modal 5 Aonad 1 Mo theaghlach Earrannnan Èisteachd

Earrann 1 (1. Èist) Mo theaghlach

- C1-5-1-2 a. Is mise Calum MacNèill.
- C1-5-1-3 b. Seo m' athair, Iain.
- C1-5-1-4 c. Seo mo mhàthair, Catriona.
- C1-5-1-5 d. Seo mo phiuthar, Sìne.
- C1-5-1-6 e. Seo mo bhràthair, Dòmhnaill.
- C1-5-1-7 f. Seo mo sheanair, Niall.
- C1-5-1-8 g. Seo mo sheanmhair, Mairead.

C1-5-1-9 Earrann 2 (3. Èist) Dà bhràthair

- C1-5-1-10 a. Is mise Fionnlagh Caimbeul. Tha bràthair agus piuthar agam.
- C1-5-1-11 b. 'S e Tòmas Rothach an t-ainm a th' orm agus tha mi trì-deug. Tha piuthar agam ach chan eil bràthair agam idir.
- C1-5-1-12 c. Is mise Iseabail Niclain. Tha bràthair agus dà phiuthar agam. Cha toigh leam mo bhràthair idir!
- C1-5-1-13 d. Is mise Karen NiclllEathain. Chan eil bràthair agam, ach tha dà phiuthar agam, Kerry agus Rhona.
- C1-5-1-14 e. Hai! Is mise Ahmed Sharma. Tha bràthair agus dà phiuthar agam.

C1-5-1-15 Earrann 3 (4. Èist) Cia mheud?

- C1-5-1-16 Anna: Cia mheud a tha nad theaghlach, Iain?
- Iain: Còig. Tha mi fhèin, m' athair, mo mhàthair, mo bhràthair agus mo phiuthar ann. Tha mo bhràthair deich agus tha mo phiuthar sia-deug.
- Anna: Cò tha nad theaghlach, a Phòil?
- Pòil: Tha m' athair, mo sheanmhair agus mi fhèin ann. Chan eil piuthar no bràthair agam idir.



- Anna: A bheil piuthar no bràthair agad, a Cheitidh?
- Ceitidh: Tha dà phiuthar agam ach chan eil bràthair agam idir.
Tha mo pheathraichean naoi agus trì.
- Anna: A bheil piuthar no bràthair agad, Eilidh?
- Eilidh: Tha trì peathraichean agus ceithir bràithrean agam.
- Anna: Tha teaghlaich mòr agad!
- Eilidh: Tha gu dearbh! Ach, tha e math. 'S toigh leam e. Tha m' athair, mo mhàthair, mo sheanair agus mo sheanmhair ann cuideachd.
- Anna: Agus a bheil taigh mòr agad?
- Eilidh: Tha gu dearbh! Taigh mòr, trang!

C1-5-1-17 Earrann 4 (8. Èist) Cò ris a tha e coltach?

- C1-5-1-18 a. Daibhidh: A bheil piuthar no bràthair agad, a Mhàiri?
- Màiri: Tha bràthair agam, Niall.
- Daibhidh: Cò ris a tha e coltach?
- Màiri: Tha e mòr agus grànda. Cha toigh leam e.
- C1-5-1-19 b. Ceitidh: A bheil piuthar no bràthair agad, a Sheumas?
- Seumas: Tha piuthar bheag agus piuthar mhòr agam.
- Ceitidh: Cò ris a tha do phiuthar bheag coltach?
- Seumas: Tha i laghach agus càirdeil.
- C1-5-1-20 c. Màrtainn: Bha do bhràthair aig ball-coise Diluain, Ealasaid. Tha sibh cho coltach ri dà sgadan!
- Ealasaid: Dè thuirt thu? Tha sin uabhasach!
- C1-5-1-21 d. Sìne: A bheil do phiuthar laghach, a Choinnich?
- Coinneach: Laghach? Chan eil idir. Tha mo phiuthar crosta.
- Sìne: Cò ris a tha i coltach? A bheil i cho caol ri bior?
- Coinneach: Eh? Sìne? Tha Sìne cho reamhar ri ròn!



C1-5-1-22 Transcript Earrann 5 (9. Èist) A bheil do mhàthair caol?

- C1-5-1-23 a. Tha mo mhàthair caol.
- C1-5-1-24 b. Tha m' athair reamhar.
- C1-5-1-25 c. Tha mo sheanair àrd.
- C1-5-1-26 d. Tha mo sheanmhair beag.
- C1-5-1-27 e. Tha mo bhràthair modhail.
- C1-5-1-28 f. Tha mo phiuthar mì-mhodhail.
- C1-5-1-29 g. Tha mo leas-phiuthar górrach.
- C1-5-1-30 h. Tha mo leas-bhràthair leisg.

C1-5-1-31 Transcript Earrann 6 (11. Èist) Dè an t-ainm a th' oirre?

- C1-5-1-32 a. Calum: Seo mo phiuthar.
Scott: Dè an t-ainm a th' oirre?
Calum: 'S e Màiri an t-ainm a th' oirre.
- C1-5-1-33 b. Anndra: An e do bhràthair a tha sin?
Mòrag: 'S e. 'S e Pàdraig an t-ainm a th' air. Tha e ochd-deug.
- C1-5-1-34 c. Seònaid: Siud m' athair. Tha e ceathrad 's a h-ochd. Tha e crosta.
Eilidh: Agus dè an t-ainm a th' air?
Seònaid: 'S e lain an t-ainm a th' air.
Eilidh: Agus dè an t-ainm a th' air do mhàthair?
Seònaid: 'S e Barabal an t-ainm a th' oirre. Sin i.
Eilidh: Uill, uill. Tha thu fhèin is do mhàthair cho coltach ri dà sgadan!
- C1-5-1-35 d. Aonghas: Seall mo phiuthar bheag. 'S e Alison an t-ainm a th' oirre.
- C1-5-1-36 e. Cailean: Tha mo bhràthair fichead. 'S e Tòmas an t-ainm a th' air.

C1-5-1-37 Earrann 7 (15. Èist) Dè an obair a th' agad?

- C1-5-1-38 a. Catriona: Dè an obair a th' agad?
Mòrag: 'S e tidsear a th' annam.

C1-5-1-39 b. Iain: An e croitear a th' annad?

Màrtainn: 'S e croitear a th' annam.

C1-5-1-40 c. Daibhidh: An e nurs a th' annad?

Sìne: Chan e. 'S e dotair a th' annam.

C1-5-1-41 d. Ceitidh: Dè an obair a th' aig Màiri?

Dòmhnull: 'S e rùnaire a th' innte.

C1-5-1-42 e. Emma: Dè an obair a th' aig Iain?

Pàdraig: 'S e iasgair a th' ann.

C1-5-1-43 f. Seumas: Dè an obair a th' aig do phiuthar?

Màiri: 'S e còcaire a th' innte.

C1-5-1-44 g. Aonghas: Dè an obair a th' aig d' athair?

Karen: 'S e poileas a th' ann.

C1-5-1-45 h. Iain: Seo Mgr MacRath. 'S e ministear a th' ann.

C1-5-1-46 i. Barabal: Seo mo bhràthair, Calum.

Ealasaid: Dè an obair a th' agaibh, a Chaluim?

Calum: 'S e dràibhear a th' annam.

C1-5-1-47 j. Tòmas: Dè an obair a th' aig do mhàthair?

Seonag: 'S e neach-bùtha a th' innte.

C1-5-1-48 k. Seòras: An e dotair a th' annad?

Catriona: Chan e. 'S e nurs a th' annam.

C1-5-1-49 l. Ealasaid: A bheil do bhràthair ag obair ann an garaids?

Tracey: Tha. 'S e meacanaig a th' ann.



C1-5-1-50 Earrann 8 (17. Èist) Càit a bheil thu ag obair?

- C1-5-1-51 a. Is mise Catriona. 'S e nurs a th' annam. Tha mi ag obair ann an ospadal.
- C1-5-1-52 b. Is mise Emma. 'S e dotair a th' annam ach chan eil mi ag obair ann an ospadal. Tha mi ag obair ann an ionad-slàinte.
- C1-5-1-53 c. Is mise Maighstir MacAoidh. 'S e tidsear a th' annam agus tha mi ag obair ann an Àrd-sgoil a' Phluic.
- C1-5-1-54 d. Seo m' athair, Uilleam MacLeòid. 'S e dràibhear a th' ann agus tha e ag obair air an rathad.
- C1-5-1-55 e. Is mise Seumas MacNèill. 'S e poileas a th' annam agus tha mi ag obair ann an stèisean-poilis anns a' bhaile.
- C1-5-1-56 f. 'S e rùnaire a th' annam. Tha mi ag obair ann an oifis.
- C1-5-1-57 g. 'S e neach-bùtha a th' annam. Tha mi ag obair ann am bùth mhòr ann an Glaschu.
- C1-5-1-58 h. Seo mo bhràthair. 'S e iasgair a th' ann. Tha e ag obair air bàta.
- C1-5-1-59 i. Is toigh leam biadh. 'S e càcaire a th' annam. Tha mi ag obair ann an taigh-bìdh.
- C1-5-1-60 j. Tha càr gorm snog agam. 'S e meacanaig a th' annam agus tha mi ag obair ann an garaids.
- C1-5-1-61 k. Is mise Cailean Maclain. Tha mi ag obair ann an eaglais. 'S e ministear a th' annam. Tha mi trang Là na Sàbaid.
- C1-5-1-62 l. Is mise Daibhidh Moireach. 'S e croitear a th' annam ann an Leòdhas. Tha mi ag obair air a' chroit a h-uile latha.

C1-5-1-63 Earrann 9 (19. Èist) 'S e poileas a th' ann

- C1-5-1-64 a. 'S e poileas a th' ann.
- C1-5-1-65 b. 'S e iasgair a th' ann.
- C1-5-1-66 c. 'S e dràibhear a th' innte.
- C1-5-1-67 d. 'S e càcaire a th' innte.
- C1-5-1-68 e. 'S e ministear a th' ann.
- C1-5-1-69 f. 'S e nurs a th' ann.
- C1-5-1-70 g. 'S e neach-bùtha a th' innte.



C1-5-1-71 Earrann 10 (20. Èist) Gabh mo leisgeul

C1-5-1-72 a. Màiri: Gabhaibh mo leisgeul. Càit a bheil sibh ag obair?

Sìne: Tha mi ag obair ann an ospadal.

Màiri: Dè an obair a th' agaibh? An e nurs a th' annaibh?

Sìne: Chan e. 'S e dotair a th' annam.

Màiri: Agus dè an t-ainm a th' oirbh?

Sìne: Sìne Nic an Tòisich.

Màiri: Tapadh leibh.

C1-5-1-73 b. Màiri: Gabh mo leisgeul. Dè an obair a th' agad?

Iain: 'S e croitear a th' annam. Tha a' chroit faisg air Ulapul.

Màiri: Agus dè an t-ainm a th' ort?

Iain: Iain MacAoidh.

Màiri: Tapadh leat.

C1-5-1-74 c. Màiri: Gabhaibh mo leisgeul, càit a bheil sibh ag obair?

Meera: Tha mi ag obair ann an oifis.

Màiri: Dè an obair a th' agaibh?

Meera: 'S e rùnaire a th' annam.

Màiri: Agus dè an t-ainm a th' oirbh?

Meera: Is mise Meera Kapur.

Màiri: Tapadh leibh.

C1-5-1-75 d. Màiri: Dè an obair a th' agaibh?

Mìcheal: 'S e tidsear a th' annam.

Màiri: Agus càit a bheil sibh ag obair?

Mìcheal: Tha mi ag obair ann an àrd-sgoil ann an Dùn Dèagh.

Màiri: Agus dè an t-ainm a th' oirbh?

Mìcheal: Mìcheal MacPhàrlain.

Màiri: Tapadh leibh.



- C1-5-1-76 e. Màiri: Gabh mo leisgeul, dè an obair a th' agad?
 Eilidh: 'S e meacanaig a th' annam.
 Màiri: Agus càit a bheil thu ag obair?
 Eilidh: Tha mi ag obair ann an garaids ann an Glaschu.
 Màiri: Sin thu fhèin! Dè an t-ainm a th' ort?
 Eilidh: Eilidh Mhoireasdan.
 Màiri: Tapadh leat, Eilidh.
- C1-5-1-77 f. Màiri: Feasgar math. Dè an obair a th' agaibh?
 Pòl: Chan eil mi ag obair. Tha mi gun obair.
 Màiri: Dè an t-ainm a th' oirbh?
 Pòl: 'S e Pòl Maclain an t-ainm a th' orm.
 Màiri: Tapadh leibh.

C1-5-1-78 Earrann 11 (Sùil air ais 6) Ag obair

1. Ailean

- C1-5-1-79 Is mise Ailean agus 's e iasgair a th' annam. Tha mi ag obair air bàta faisg air Steòrnabhagh. Tha mi ag èirigh aig leth-uair an dèidh còig sa mhadainn ach tha mi a' dol dhachaigh tràth agus tha sin a' còrdadh rium. 'S e Màiri Sìne an t-ainm a th' air a' bhàta. Tha i dearg is dubh. Tha m' athair ag obair air a' bhàta cuideachd.

2. Catriona

- C1-5-1-80 Is mise Catriona Nic-a-phì. Tha mi fichead 's a trì. 'S e rùnaire a th' annam agus tha mi ag obair ann an oifis na sgoile ann an Inbhir Pheofharain. Tha mi trang fad an latha a' bruidhinn air a' fòn agus ag obair air a' choimpiutair. Is toigh leam an obair – tha i inntinneach. Tha na sgoilearan snog agus tha na tidsearan anns an àrd-sgoil càirdeil. Tha mo phiuthar ag obair anns an sgoil cuideachd. 'S e tidsear Eachdraidh a th' innte.

